



Teisteanais  
Nàseanta  
2014

**X772/75/01**

**Eachdraidh**

DICIADAIN, 7 CÈITEAN

9:00 M – 10:30 M

---

**Comharran gu lèir — 60**

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharran**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharran**

Feuch AON phàirt.

**POINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharran**

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA**

**PÀIRTEAN**

E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1910–1928

**Duilleag 7**

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN**

**PÀIRTEAN**

C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

**Duilleag 10**

D. Breatainn ag Atharrachadh, 1760–1900

**Duilleag 11**

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL**

**PÀIRTEAN**

C. Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

**Duilleag 15**

D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

**Duilleag 16**

E. A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

**Duilleag 17**

G. Saor mu dheireadh? Còirichean Catharra anns na SA, 1918–1968

**Duilleag 19**

## Pàirt E — Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1910–1928

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air mar a bha teicneòlas ùr air a chleachdadh air an Aghaidh an Iar. 5

Tha **Stòr A** air a thogail às na cuimhneachain aig David Lloyd George a bha na cheannard air Ministreachd na h-Armachd ann an 1915.

## Stòr A

Cha tugadh riamh an t-urram a bu chòir do mhisneachd nam boireannach a bha ag obair anns na factaraidhean ud. Thàinig orra a bhith ag obair ann an suidheachadh a bha a’ cur am beatha ann am fìor chunnart. Is cinnteach gur e lèon grànnda a mhilleadh an coltas an rud a bu mhotha a bha an t-eagal aig cuid aca bhuaithe — oir, anns na factaraidhean sam biodh iad a’ lionadh nan sligean-cogaidh, b’ e tinneas buidhe tocsaig aon de na cunnartan, rud a gheibheadh iad bho bhith air am puinnseanachadh le TNT. Thugadh am far-ainm “canaries” air na nigheanan truagha. Bha iad glè mhoiteil às a seo. Bha iad air a chosnadh a’ dèanamh an dleistanais.

2. Dèan measadh air dè cho feumail ’s a tha **Stòr A** mar fhianais air a’ bhuaidh a bh’ aig a’ Chogaidh Mhòir air boireannaich ann an Alba. 5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò a sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** mun dòigh anns an robhar a’ dèiligeadh ri fir-dhiùltaidh chogaiseach.

## Stòr B

Rachadh smachdachadh armailteach a dhèanamh air fir a dhiùltadh gabhail san arm. Bhiodh binn bàis ga toirt a-mach air cuid a dhiùltadh òrdain ged a bhiodh a’ bhinn an-còmhnaidh air a beagachadh nam biodh an “conchie” fhathast a’ diùltadh gèilleadh. Dhiùlt mòran seirbheis anns nach feumadh iad sabaid air an adhbhar gum biodh sin dìreach a’ leigeil le duin’ eile falbh a mharbhadh. Chaidh prìosain shònraichte agus campaichean-obrach fhosgladh a bharrachd air na prìosain àbhaisteach dom biodh iad a’ cur mòran de na fir-dhiùltaidh. Bhàsaich fichead ’s a ceathrar fhear-dhiùltaidh anns na campaichean-obrach sin.

3. Dè cho slàn ’s a tha **Stòr B** a’ toirt cunntas air mar a bhathar a’ dèiligeadh ri fir-dhiùltaidh chogaiseach aig àm a’ Chogaidh Mhòir? (Cleachd **Stòr B** agus d’ fhiosrachadh fhèin.) 5
4. Mìnich na h-adhbharan a dh’fhàg nas lugha de ghniomhachas trom ann an Alba às dèidh a’ Chogaidh Mhòir. 5

[A-nis theirig gu ROINN 2, a’ toiseachadh air *Duilleig a deich*]

## Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Dè an ìre gun robh soirbheachadh nan iomairtean ana-tràilleachd mar thoradh air na rinn luchd-strì leithid Tòmas Clarkson? 8  
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)
2. Mìnich na h-adhbharan air an do chùim mòran ann am Breatainn orra a' toirt taic do mhalairt nan tràillean. 6

Tha **Stòr A** à *Black Peoples of the Americas*, leabhar a sgrìobh eòlaiche-eachdraidh ann an 1995.

**Stòr A**

Bha uallach ar-a-mach air luchd nam planntachasan sa Charibbean agus bha iad a' leantainn poileasaidh de smachd tro eagal. Cha robh còirichean sam bith aig tràillean. Cha robhar a' smaoineachadh orra mar dhaoine ach mar rudan aig an robh seilbh aig maighstirean air. Dh'fhaodadh maighstirean dèiligeadh ri tràillean dìreach mar a thogradh iad fhèin agus cha robh peanas sam bith ann airson mhaighstirean a bhiodh ag obrachadh nan tràillean aca gu bàs. Chun an naoidheimh linn deug cha robh duine a' togail ceist mu mhaighstirean a bhiodh a' losgadh agus a' pianadh nan tràillean aca.

3. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air mar a bhathar a' dèiligeadh ri tràillean air na planntachasan. 6  
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò a sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air *Duilleig a coig-deug*]

## Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1900

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** air a thogail à cunntas a sgrìobh dotair ann an 1832 air taigheadas ann am Manchester.

## Stòr A

Tha taighean luchd-obrach nam muilnean gann de èadhar ghlan agus chan eil toidhleitean annta. Tha na sràidean cumhang, gun leacadh, agus air am bleith nan slochan domhainn. Bidh poll, treallaich agus sgudal sgreamhail a' cruinneachadh anns na slochan sin. Ann an Sràid na Pàrlamaid, chan eil ann ach aon toidhleit airson 380 neach. Tha sruth de shalachar às an toidhleit seo a' truailleadh nan taighean a tha faisg air làimh agus tha fios gu bheil sin a' sgaoleadh ghalaran.

1. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air staid an taigheadais ann am mòr-bhailtean Bhreatainn san naoidheamh linn deug. 6  
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò a sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
2. Dè an ìre gun robh teicneòlas ùr na phrìomh adhbhar airson mar a thàinig cùisean air adhart anns na mèinnean guail mun àm a thàinig 1900? 8  
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)
3. Minich na h-adhbharan airson mar a bhathar a' dèanamh nas lugha feum de na canàlaichean às dèidh nan 1840an. 6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air *Duilleig a coig-deug*]

## Pàirt C — NA STÀITEAN AONAICHTE 1850–1880

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air beatha nan tràillean air na planntachasan mu Dheas mus do thòisich an cogadh catharra. 5
2. Mìnich carson a bha cùisean a' teannachadh eadar na Stàitean a Tuath agus na Stàitean a Deas mun àm a thàinig 1860. 5

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na h-adhbharan a bha air cùl mar a bha luchd-tuineachaidh agus daoine a bha air tòir an òir ag imrich don iar às dèidh 1850.

**Stòr A**

Às dèidh 1850 bha àireamh mhòr de luchd-tuineachaidh agus de dhaoine a bha air tòir an òir a' siubhal don iar. Bha iad air an tarraing le gealltanais gum biodh beatha na b' fheàrr aca. Bha cuid seachd sgèithe de na geamhraidhean fuara air an taobh an ear agus bha an t-sìde na bu bhlàithe ann an California na tarraing dhaibh. Ghluais mòran thuathanach don iar a' creidsinn gum biodh am fearann na bu toraiche. An ceann beagan tìde, thuig daoine le rainsichean, leithid Theàrlaich Goodnight, gum faodadh iad na raointean a chleachdadh airson biadh a chumail rin treudan mòra de chrodh. Ach cha robh an imrich furasta. Bhàsaich aon às gach deichnear mus do ràinig iad an ceann-uidhe.

3. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na h-adhbharan a bha air cùl mar a bha luchd-tuineachaidh agus daoine a bha air tòir an òir ag imrich don iar às dèidh 1850? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6

Tha **Stòran B** agus **C** mu Mhurt Sand Creek ann an 1864.

**Stòr B**

Bha Black Kettle agus cinn-chinnidh Cheyenne eile an aghaidh a bhith nàimhdeil do na daoine geala. Ach fhathast, thug an Còirnealair Chivington ionnsaigh air a' bhaile aca le feachd de eadar 900 is 1,000. Bha 500 neach anns a' bhaile agus b' e boireannaich is clann a bh' ann an dà thrian dhiubh. Mharcaich mise thar an achaidh nuair a bha am murt seachad agus chunntais mi eadar 60 is 70 corp. B' e boireannaich is clann a bh' anns a' chuid mhòir de na chaidh a mhurt.

**Stòr C**

Anns a' champa Cheyenne, bha mu 1,200 neach sa bhaile agus b' e fir-chogaidh a bh' ann an suas ri 700 dhiubh. B' e an t-adhbhar a thug mi ionnsaigh orra gun robh mi a' creidsinn gun robh iad nàimhdeil do na daoine geala. Tha mi a' meas gun deach 500 no 600 neach a mhurt. Chan fhaca mi ach aon bhoireannach a chaidh a mhurt agus chan fhaca mi duine cloinne marbh. Lorg sinn 19 craicinn-chinn dhaoine geala anns a' champa.

4. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mu na thachair aig Murt Sand Creek ann an 1864. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4

## Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air na còirichean a bh' aig gach Gearmailteach ann am Poblachd Weimar. 5

Tha **Stòran A** and **B** mu mhòr-atmhorachd sa Ghearmailt.

## Stòr A

Bha an luchd-obrach air am pàigheadh dà thuras san latha agus, nuair a gheibheadh iad am pàigheadh, thilgeadh iad pasgain de airgead-pàipeir a-mach air uinneagan na factaraidh gu buill den teaghlaichean a ruitheadh do na bùthan a cheannach biadh, gual no aodach mus rachadh na prìsean suas. Leis a' mhòr-atmhorachd, bha milleanan an cunnart fannachadh leis an acras. Bha daoine mar pheinnseanairean, a bha beò air teachd-a-steach suidhichte, a' faicinn gun robh prìsean ag èirigh na bu luaithe nan teachd-a-steach aca.

## Stòr B

Cha mhòr ann an aon oidhche, chaill na bh' aig mòran Ghearmailteach air a shàbhaladh a luach. Bha cuid den luchd-obrach air am pàigheadh dà thuras san latha is dh'fhaodadh iad am pàigheadh a chosg sa mhionaid. Bha daoine a bh' air am pàigheadh gach mìos, no a bha an urra ris na shàbhail iad, a' fulang airson cha b' urrainn dhaibh cumail suas ri prìsean. Bha peinnseanairean beò air teachd-a-steach suidhichte. Bhiodh iad a' faighinn an aon t-sùim gach seachdain. Bha an teachd-a-steach aca a-nis gun luach. Bha iad an cunnart a bhith gun dachaigh is fannachadh leis an acras.

2. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** air a' bhuaidh a bh' aig a' mhòr-atmhorachd air sluagh na Gearmailt. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4
3. Mìnich na h-adhbharan airson cho mòr 's a bha an taic a bh' aig Hitler 's am Partaidh Nadsaidheach mun àm a thàinig am Faoilleach 1933. 5

Tha **Stòr C** mun smachd a bh' aig na Nadsaidhean air beatha an t-sluaigh.

## Stòr C

Bha Hitler 's am Partaidh Nadsaidheach am beachd smachd fhaighinn air gach pàirt de bheatha an t-sluaigh, agus eadhon an t-saor-thìde aca. Bha am buidheann KDF (Neart tro Shòlas) a' cumail smachd air a' chuid mhòir de chur-seachadan. Gach bliadhna, bhiodh mu 7 millean neach a' gabhail pàirt ann am maidsichean spòrs an KDF. Bhiodh buidhnean mòra gan toirt gu taighean-cluiche is oparathan. Bha orcastra shiomfonaidh aig an KDF a bhiodh a' falbh air chuaritean tron dùthaich. Cuideachd, bha saor-làithean saora ann airson an luchd-obrach, a' toirt a-steach cuairtean-mara, cuairtean-coiseachd agus sgitheadh.

4. Dè cho slàn 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air mar a bha na Nadsaidhean a' cumail smachd air beatha an t-sluaigh? (Cleachd **Stòr C** agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6

## Pàirt E — A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

1. Sgrìobh cunntas air na dòighean a chleachd an Tsàr airson smachd a chumail air an Ruis ro 1905. 5
2. Mìnich na h-adhbharan a bha an smachd a bh' aig an t-Tsàr air an Ruis fo chunnart ann an 1905. 5

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air cuid den bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh Mhòr air an Ruis.

**Stòr A**

Thòisich a' Chiad Chogadh Mòr ann an 1914 agus bha buaidh eagalach gu bhith aige air na Ruiseanaich. Thàinig an Ruis a-steach don chogadh airson a caraidean 's a caidrich a chuideachadh. An ceann dìreach sia làithean, bha armailtean Ruiseanach a' cogadh an aghaidh na Gearmailt 's na h-Ostair-Ungaire. Sna ciad bhliadhnachan den chogadh dh'fhuiling na h-armailtean aig an t-Tsàr call a bha na bhriseadh-cridhe. Bha mìltean shaighdearan leònte air am fàgail nan laighe air an talamh gun choimhead riutha fad làithean. Cha robh stioman-ceangail gu leòr aig nursaichean is dotairean airson dèiligeadh ri eadhon cairteal de na leòntan.

3. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air a' bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh Mhòr air an Ruis? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6

Tha **Stòran B** agus **C** a' toirt cunntas air na thachair ann am Petrograd sa Ghearran 1917.

**Stòr B**

Tha na h-ùpraidhean a thòisich ann am Petrograd a' fàs nas cudromaiche. Tha gainne arain is flùir a' cur dhaoine nam boil. Chan eil obair aig an luchd-obrach agus tha a' chuid a tha gun obair a' tionndadh gu ùpraid is ar-a-mach. Tha am prìomh-bhaile fo mhì-riaghailt. Tha an riaghaltas gun chomas. Tha an siostam còmh-dhail air briseadh. Tha an fheadhainn a tha a' sgaoileadh connadh is biadh buileach glan gun dòigh. Tha gunnathan gan losgadh air na sràidean agus tha saighdearan a' losgadh air a chèile.

**Stòr C**

Bha an suidheachadh mu thràth uabhasach èiginneach. Thàinig air cuid de na factaraidhean dùnadh agus bha grunnan mhìltean den luchd-obrach nan tàmh. Bha iad ag iarraidh aran, ach an dèidh feitheamh uairean a thìde nan sreathan aig bùthan nam bèicearan chaidh mòran dhachaigh gun dad. Diardaoin, an t-8mh den Mhàrt, bha seisean fiadhaich san Duma agus b' e gainne an arain a b' adhbhar don an-fhois.

4. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** air na bha a' tachairt ann am Petrograd sa Ghearran 1917. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4



## Pàirt G — Saor mu dheireadh? Còirichean Catharra anns na SA, 1918–1968

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòran A** agus **B** mu luchd-imrich a ghluais do mhòr-bhailtean Ameireaga anns na 1920an.

**Stòr A**

Tràth san fhichead linn, thàinig meudachadh mòr air an àireimh a bha ag imrich a-steach à ceann a deas agus taobh an ear na Roinn Eòrpa. Gu tric, bhiodh luchd-imrich à dùthaich shònraichte a' fuireach ann an sgìre shònraichte de mhòr-bhaile. Bha slumaichean teanamaint anns na sgìrean sin 's iad fuaraidh, dorcha is salach, gun uisge, gun toidhleitean 's gun drèanaichean. Dh'fheumadh an luchd-imrich obair sam bith a gheibheadh iad a ghabhail, gu tric air an droch phàigheadh mar dhubh-chosnaichean no mar shearbhantan.

**Stòr B**

Bha lorg obair sgileil le deagh phàigheadh na dhuilgheadas cumanta do luchd-imrich gun fhoghlam dòigheil. Daonnan, bhiodh luchd-imrich a' fuireach nan coimhearsnachdan fhèin: bha sgìreachd Phòlainneach, sgìreachd Iùdhach agus sgìreachd Eadailteach ann an New York. Anns na sgìreachdan sin, bhiodh còig no sia làir anns na teanamaintean is bhiodh na rumannan dorcha is gun ghòireasan slàintealachd. Dh'ionnsaich mòran den luchd-imrich ùr nach robh beatha ann an Ameireaga idir mar a bha iad an dùil.

1. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** air an t-suidheachadh san robh luchd-imrich ann am mòr-bhailtean Ameireaga a thaobh bith-beò agus obair. 4
2. Sgrìobh cunntas air na h-iomairtean neo-ainneartach a bha nam pàirt de lomairt nan Còirichean Catharra anns na 1950an agus na 1960an. 5

Tha **Stòr C** mu na rinn na h-ùghdarrasan feadaraileach airson Ameireaganaich dhubha a chuideachadh.

**Stòr C**

Ghabh na h-ùghdarrasan feadaraileach ceumannan. Ann an 1948, dh'òrdaich an Ceann-suidhe Truman sgaradh-cinnidh a stad ann am feachdan armailteach nan SA. Chuir e cuideachd air chois Comataidh a' Chinn-suidhe air Còirichean Catharra ann an 1946 son aithisg a thoirt dha air mar a dh'fhaodar adhartas a dhèanamh le còirichean catharra nan daoine dubha. Ach cha tàinig laghan ùra. Ann an 1960 ghabh a' Chòmhdhail ri Achd nan Còirichean Catharra a stèidhich peanasan son a bhith a' bacadh dhaoine dubha bho bhòtadh. Bha an Ceann-suidhe Ceanadach a' deasachadh Bile Chòirichean Catharra nuair a chaidh a mhurt san t-Samhain 1963.

3. Dè cho slàn 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air na rinn na h-ùghdarrasan feadaraileach eadar 1945 is 1964 son còirichean catharra nan Ameireaganach dhubha a leasachadh? (Cleachd **Stòr C** agus d' fhiosrachadh fhèin.) 6
4. Mìnich na h-adhbharan air an do bhuannaich na Black Panthers taic bho mhòran Ameireaganaich dhubha. 5

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR]

*Duilleag a naoi-deug*

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]